

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ailean an Rids (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 781. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 477 corresponds to Litir 781.

Nuair a bha mi ann an Alba Nuaidh o chionn ghoirid, thachair mi ri Oighrig NicFhraing. Tha i à Alba bho thùs ach tha i air a bhith a’ fuireach ann an Alba Nuaidh fad ùine mhòr. Tha i am measg gaisgich is bana-ghaisgich na Gàidhlig a tha a’ fuireach ann an Màmù (agus cha bheag iad). Bha mi gu math toilichte coinneachadh rithe. Thug i lethbhreac dhomh dhen leabhar ghrinn aice *Às a’ Bhràighe*. Mo bheannachd oirre.

Tha an leabhar mu dheidhinn fear a bha na bhàrd ann an Alba Nuaidh anns an naoidheamh linn deug. B’ esan Ailean Dòmhnallach no Ailean an Rids **mar a b’ fheàrr a dh’ aithnicheadh e**. Tha Ailean na dheagh eisimpleir de bheartas na Gàidhlig ann an Alba Nuaidh agus bu mhath leam rudeigin innse dhuibh mu dheidhinn.

Rugadh e ann an Allt an t-Srathain ann am Bràigh Loch Abar ann an seachd ceud deug, naochad ’s a ceithir (1794). B’ e a shloinneadh Ailean mac Alasdair ’ic Aonghais ’ic Alasdair Bhàin agus bhuineadh e do Dhòmhnallaich **Bhoth Fhionndain**. Bha athair Ailein, Alasdair Ruadh, na bhàrd cuideachd, a rèir choltais. Bha e cuideachd na dhròbhair. Tha e coltach gun d’ fhuair Ailean sgoil mhath ann an Gàidhlig is Beurla, ged a tha dùil gur ann san taigh-chèilidh, seach san sgoil, a dh’ ionnsaich e tòrr dhen Ghàidhlig aige. Agus ’s ann san taigh-chèilidh a dh’ ionnsaich e mu dhualchas Loch Abar agus na Gàidhealtachd.

Bha cùisean a’ fàs doirbh do Dhòmhnallaich Bhoth Fhionndain aig toiseach an naoidheamh linn deug. Ann an ochd ceud deug ’s sia-deug (1816), sheòl an teaghlach gu ruige Alba Nuadh. Ràinig iad tìr ann am Pictou, far an robh iomadach Gàidheal air a dhol romhpa. Ach cha robh iad an sin fada. Chùm iad a dol gu ruige Màmù ann an Eilean Cheap Bhreatainn, far an d’ fhuair iad fearann air druim no ‘rids’. ’S ann an uair sin a fhuair iad am far-ainm Rids.

Ann am Màmù bha iad am measg Ghàidheal Caitligeach, mòran aca à Loch Abar. An coimeas ri mòran de na co-chreutairean aca ann an Ameireagaidh a Tuath, cha robh iad aonarach. Bha Gàidhlig aig an nàbaidhean. Dh’ èirich coimhearsnachd a bha gu bhith cha mhòr cho Gàidhealach ri gin anns an t-seann dùthaich. Tha Gàidhlig air a bruidhinn ann am Màmù chun an latha an-diugh.

Tha Oighrig a’ dèanamh coimeas eadar bàrdachd Ailein agus a’ bhàrdachd aig a’ Bhàrd MacIlleathain a bha a’ fuireach air tìr-mòr na h-Alba Nuaidhe ann an suidheachadh aonaranach. Anns an dàn ‘A’ Choille Ghruamach’, sgrìobh e:

*Mun dèan mi àiteach, ’s mun tog mi bàrr ann
'S a’ choille ghàbhaidh chur às a bonn*

Le neart mo ghàirdean, gum bi mi sàraicht'

Is treis air fàilinn mu 'm fàs a' chlann.

Tha a' bhàrdachd aig Ailean an Rids a' sealltainn beachd gu math eadar-dhealaichte. Bha e gu mòr a' moladh na dùthcha ùr anns an d' fhuair e fhèin is mòran Ghàidheal eile comraich.

Nis o 'n thàinig thu thar sàile

Chum an àite ghrinn,

Cha bhi fàilinn ort ri d' latha

'S gach aon nì fàs dhuinn fhìn:

Gheibh thu mil air bhàrr nan lusan

Siùcar agus tì,

'S fheàrr dhut siud na 'n tìr a dh'fhàg thu

Aig a' ghràisg na frìth.

Bheir sinn sùil a bharrachd air Ailean an Rids, agus a chuid bàrdachd, an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Oighrig NicFhraing: *Effie Rankin*; gaisgich: *heroes*; Bràigh Loch Abar: *Brae Lochaber*.

Abairtean na Litreach: tha i air a bhith a' fuireach ann an Alba Nuaidh fad ùine mhòr: *she's been living in Nova Scotia for a long time*; a tha a' fuireach ann an Mabu (agus cha bheag iad): *who live in Mabou (and they are not scarce)*; thug i lethbhreac dhomh dhen leabhar ghrinn aice: *she gave me a copy of her fine book*; fear a bha na bhàrd: *a man who was a bard*; ged a tha dùil gur ann san taigh-chèilidh, seach san sgoil, a dh'ionnsaich e tòrr: *although it's thought it was in the ceilidh-house, rather than at school, that he learned a lot*; far an robh iomadach Gàidheal air a dhol romhpa: *where many Gaels had gone before them*; far an d' fhuair iad fearann: *where they got land*; am measg Ghàidheal Caitligeach: *among Catholic Gaels*; an coimeas ri mòran de na co-chreutairean aca: *compared to many of their fellows*; ri gin anns an t-seann dùthaich: *as any in the old country*; mun dèan mi àiteach, 's mun tog mi bàrr ann: *before I cultivate the land and raise a crop*; 's a' choille ghàbhaidh chur às a bonn: *and clear the awful forest*; is treis air fàilinn mu 'm fàs a' chlann: *and (my) strength will fail before my children have grown*; o 'n thàinig thu thar sàile: *since you came across the sea*; chum an àite ghrinn: *to the fine place*; gach aon nì fàs dhuinn fhìn: *everything growing for us*; gheibh thu mil air bhàrr nan lusan: *you'll get honey from the flowers*; 's fheàrr dhut siud na 'n tìr a dh'fhàg thu: *that's better for you than the land you left*; aig a' ghràisg na frìth: *to the rabble as a deer forest*.

Puing-chànain na Litreach: *There is evident disagreement on the Gaelic original for Bohuntin. I have followed Iain Taylor's Both Fhionndain 'Fintan's Hut' possibly referring to a saint, as this is relatively close to Ailean the Ridge's own interpretation of Both-fhionntain). However Watson gives Both Chunndainn 'Booth of the Confluence'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: mar a b' fheàrr a dh'aithnicheadh e: *as he was best known (recognised)*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA